

# PLANA - AM BLITZ : TWITTER



## Eòlasan agus Builean

'S urrainn dhomh fuaimean, teacs agus ìomhaighean a chruthachadh, a ghlacadh agus atharrachadh, airson bruidhinn mu m' fhein-fhiosrachadh, beachdan agus fiosrachadh ann an dòighean cruthachail agus tarraingeach.

**TCH 2-04b**



## Ceangalan eadar-chuspaireil

Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacs a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais.

**LIT 2-26a**

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

**SOC 2-06a**



## Co-theacs, Goireasan agus Gníomhan

Coimeas eadar aithisg pàipear-naidheachd agus brath Twitter

### Ag Aithris Sgeulachd a' Bhlitz

**Blitz Abhainn Chluaidh** – aithisg pàipear-naidheachd *An t-Albannach*, postairean agus notaichean taice

### Twitter @bbcnaidheachdan

<https://twitter.com/bbcnaidheachdan?lang=en-gb>

Inns don chloinn gu bheil iad a' dol a sgrìobhadh brathan Twitter mas fhìor mu Bhlitz Bhruaich Chluaidh, gum feum iad toirt a chreidsinn gun robh iad ann aig an àm 's gu bheil iad ag innse, ann an sreath de theachdaireachdan goirid, mu na tha a' tachairt timcheall orra.

### AITHISG PÀIPEAR-NAIDHEACHD

Dèan coimeas eadar a bhith ag aithris nan naidheachdan ann am pàipear-naidheachd agus a bhith a' cur theachdaireachdan air Twitter.





Bu chòir Builean Soireabhachaidh a thoirt do sgoilearan gus am bi cuimhne aca air dè dh'fheumas iad a dhèanamh:

- Brathan goirid mu thachartasan air an oidhche tron Bhlitz
- Dè chunnaic iad?
- Dè chual' iad?
- Fàilidhean a dh'fhairich iad
- Dè bha daoine a' dèanamh mu chuairt orra?
- Ciamar a bha iad fhèin a' faireachdainn?
- Dè an còmhradh a bha eadar iad fhèin agus duine sam bith ris an do choinnich iad?
- Dealbhan iomchaidh air an luchdadh a-nuas on eadar-lìon

## Measadh

**CRUTHAICH**

**DÈAN**

**CAN**

**SGRÌOBH**

'S urrainn dhomh am fiosrachadh a rannsaich mi mu Bhlitz Bhruaich Chluaidh a chleachdadh gus fiod-naidheachd ann an stoidhle Twitter a sgrìobhadh.

## HOTS – Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis



A' cur gu feum



A' cruthachadh



A' luachadh

A' cuimhneachadh

A' tuigsinn



## Na Ceithir Comasan

### Soirbheachail:

'S urrainn dhomh ceanglan a dhèanamh nam ionnsachadh

### Misneachail:

### Cunntasach:

Tha mi ag ionnsachadh mu shàbhailteachd air an eadar-lìon.

### Èifeachdach:



### Sgilean:

A' sgrìobhadh ann am modh ùr

A' dèanamh coimeas eadar diofar stoidhlean sgrìobhaidh

A' cur eòlas air teicneòlas ùr

A' leudachadh sgilean conaltraidh

